

Sgeama Measaidh a' Chomuinn Ghàidhealaich

There are 4 Levels for the Silver Card and 4 sample conversations for each level, giving a total of 16 sample conversations. The sample conversations are **only examples** to illustrate how the key structures **could** be used in conversation. During the testing, it is not expected that these conversations are followed verbatim.

You will not be asked to do all the conversations. The assessor will judge how many conversations are necessary to assess your level, usually 1 for each level. The actual conversations should be as natural as possible while incorporating the key structures. For more detailed information on testing procedures, please see, *Learners' Guide* for An Comunn Gàidhealach assessment scheme.

To attain the Silver Card, the learner must succeed at all 4 levels and attain 60% in the use of the key structures. These are underlined in the conversations. At least 60%, i.e. 12 out of 20, should be attained for each conversation tested at each level before moving on to the next level.

At this level, in order to cover the key structures appropriately, the conversation is likely 1) to take the form of a short role play where you take the part of a character or 2) you might be given a topic to discuss, for example, holidays, pastimes, likes and dislikes. The role play will be explained to you carefully before the actual assessment starts. During the role play, the assessor will make sure the key structures are included.

Please note that, although the –ibh forms are sometimes used in the following, the use of thu / sibh, leat / leibh etc is entirely up to the participants and they will be guided by what they feel comfortable with.

Ìre 4 / Level 4,

Còmhradh 1 / Conversation 1

Neach-measaidh (NM)

Neach-ionnsachaidh (NI)

NM: Hallò, ciamar a tha sibh?

NI: Tha gu math, tapadh leibh. Ciamar a tha sibh fhèin.

NM: Chan eil dona idir, tapadh leibh. Saoil am faod sinn riochd-chluich – role play - bheag a dhèanamh? Tha sibhse a' fuireach ann an taigh-òsta agus tha mise ag obair anns an taigh-òsta. Tha gearan – complaint – agaibh, tha thu ag iarraidh bruidhinn ris a' mhanaidsear. Tha mise aig an deasg anns an taigh-òsta. Tha sibhse a' tighinn chun an deasg.

NI: Glè mhath.

NM: A bheil dad ceàrr? An urrainn dhomh ur cuideachadh?

NI: 'S urrainn, tha mi an dòchas, am faod mi bruidhinn ris a' mhanaidsear?

NM: Chan fhaod, tha mi duilich, chan eil i a-staigh, tha i air falbh aig coinneimh.

- NI: Cuin a bhios i air ais?
- NM: Cha bhi i fada. Bidh i a-staigh an seo aig còig uairean. A bheil dad ceàrr? An urrainn dhomh ur cuideachadh?
- NI: Chan urrainn, feumaidh mi am manaidsear fhaicinn.
- NM: Carson a dh'fheumas sibh a faicinn?
- NI: Feumaidh mi a faicinn. Tha an rùm agam uabhasach salach. Feumaidh mi falbh.
- NM: Salach!
- NI: Salach! Tha e uabhasach salach. Pìosan pàipeir air an làr agus air an leabaidh. Botal briste! Feumaidh mi falbh an-dràsta fhèin. Chan fheum mi pàigheadh.
- NM: Tha mi duilich ach feumaidh mi am manaidsear fhònadh.
- NI: Feumaidh tu greasad ort!
- NM: Chan fheum, ach feumaidh sibh stad a dh'èigheach!

Ìre 4 / Level 4,

Còmhradh 2 / Conversation 2

- NM: 'S e riochd-cluich – role play – a tha seo. Tha dà charaid ann. Tha iad a' bruidhinn mu dheidhinn a dhol airson biadh ann an taigh-bidh. Tha an dithis aca ag obair anns a' bhaile. Ach tha iad aig an taigh an-dràsta. 'S e feasgar Diluain a th' ann. A bheil thu a' tuigsinn?
- NI: Tha, tha mi a' smaoinichadh!
- NM: Glè mhath, tòisichidh sinn ma-thà. A bheil thu airson a dhol airson biadh a-màireach?
- NI: Tha, bu toigh leam sin.
- NM: Càit an coinnich sinn?
- NI: Coinnichidh mi riut aig an stèisean.
- NM: Càit am bi thu anns an stèisean?
- NI: Bidh mi faisg air an doras. Càit a bheil sinn a' dol?
- NM: An cuala thu mu dheidhinn MacLean's? Taigh-bidh ùr.
- NI: Cha chuala.
- NM: Tha e ri taobh na sgoile air an làimh dheis. Tha e math, tha iad ag ràdh. Dè do bheachd?
- NI: Bidh sin math.

'S e Dimàirt a th' ann. Tha sinn a-nis aig an taigh-bidh, MacLean's.

NM: Am faigh sinn bòrd faisg air an uinneig?

NI: Gheibh, bu toigh leam sin. A bheil an t-acras ort?

NM: Tha, tha an t-acras mòr orm.

NI: Dè ghabhas tu?

NM: Gabhaidh mi cearc ròsta, tha mi a' smaoinichadh. Dè ghabhas tusa?

NI: Bu toigh leam staoig, gabhaidh mi staoig. A bheil am pathadh ort?

NM: Tha am pathadh orm, gheibh mi pinnt leann. Am faigh mi leann dhut?

NI: Gheibh, mas e do thoil e.

NM: Glè mhath, faodaidh sinn òrdachadh.

Ìre 4 / Level 4,

Còmhradh 3 / Conversation 3

NM: Airson còmhradh 3 's e saor-làithean an cuspair againn, a bheil thu toilichte le sin?

NI: Tha, tha mi toilichte.

NM: Gle mhath, faodaidh sinn tòiseachadh. Càit a bheil sibh a' dol air saor-làithean am-bliadhna?
Càit a bheil dùil agad a dhol?

NI: Tha dùil agam a dhol a dh'Astràilia.

NM: Math dha-rìribh. Cuin a bhios sibh a' falbh? A bheil duine a' dol ann còmhla riut?

NI: Tha sinn airson a dhol ann sa gheamhradh. Tha a' bhean agam / an duine agam a' dol ann cuideachd.

NM: Dè cho fad 's a bhios sibh thall thairis?

NI: Bidh sinn air falbh airson sia seachdainean. Càit a bheil sibhse a' dol?

NM: Tha mi fhìn agus Anna, a' bhean agam, a' dol a Windermere.

NI: A Windernere? Ciamar a gheibh thu a Windermere?

NM: Faodaidh tu a dhol ann air an M74 à Glaschu agus an uair sin air an M6 gu Penrith. Cumaibh oirbh dà mhìle an iar air Penrith gu ceann an rathaid, 's e sin an A592. Tha Windermere mu chòig air fhichead mìle air falbh. A bheil thu gam thuigsinn?

NI: Tha, tha mi gad thuigsinn. Cuin a tha dùil agaibh a dhol ann?

NM: Anns an Lùnastal.

NI: Agus cuin a tha dùil agaibh tilleadh?

NM: Tha dùil againn a bhith air ais Dihaoine, an ochdamh latha fichead.

NI: Càit am bi sibh a' fuireach?

NM: O, bidh sinn ann an taigh-òsta spaideil? Agus sibh fhèin ann an Àstràilia?

NI: Bidh sinn a' fuireach còmhla ri càirdean ann am Melbourne.

NM: Math dha-rìribh. Tha mi an dòchas gun còrd an turas ribh.

NI: Còrdaidh, tha mi cinnteach.

Ìre 4 / Level 4,

Còmhradh 4 / Conversation 4

- NM: Ìre 4, Còmhradh 4, 's e riochd-chluich – role play – a tha seo. Tha dithis charaidean ann an cafaidh. Tha iad a' còmhradh agus a' toirt naidheachdan dha chèile.
- NI: Naidheachdan? Chan eil mi a' tuigsinn?
- NM: News – tha iad ag innse naidheachdan, tha iad ag innse rudan a thachair.
- NI: O, glè mhath, tha mi a' tuigsinn a-nis.
- NM: Math dha-rìribh, cumaidh sinn oirnn. Tha sinn anns a' chafaidh! An cuala tu gu bheil Eideard anns an ospadal?
- NI: Cha chuala, tha mi duilich mu dheidhinn sin.
- NM: Bha tubaist aige.
- NI: Dè thachair?
- NM: Chan urrainn dhomh a chreidsinn. Thuit e agus bhris e a chruachan.
- NI: Tha mi duilich sin a chluinntinn. Tha mi an dòchas nach bi e fada anns an ospadal.
- NM: Tha mi an dòchas nach bi, an truaghan.
- NI: A bheil càil eile as ùr?
- NM: Chan eil mòran. Bha mi san Eilean Sgitheanach aig an deireadh-sheachdain airson spòrs air a' bhlàr a-muigh.
- NI: Air a' bhlàr a-muigh? Tha mi duilich, chan eil mi gad thugsinn.
- NM: Chan ann a-staigh ann an taigh no ann an talla ach a-muigh, a' streap, a' dol ann an kayak, agus a' seòladh.
- NI: Och, tha mi a' tuigsinn. A' seòladh kayak, an urrainn dhut sin a dhèanamh?
- NM: 'S urrainn, tha e furasta.
- NI: An urrainn do Eideard bàta a sheòladh?
- NM: 'S urrainn, ach chan urrainn an-dràsta? (gàireachdainn)
- NI: Ma thèid mise ann, dè tha an deireadh-seachdain a' cosg?
- NM: Tha e dà cheud not airson dà latha. Sin àite-fuirich cuideachd.
- NI: Ma tha mi a' fàgail Glaschu aig ochd, cuin a bhios mi a' ruighinn?
- NM: Bidh thu a' ruighinn aig trì uairean.
- NI: Agus am faigh mi rùm singilte?
- NM: Gheibh gu dearbh.